

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Total Mark
(Èisteachd)

Grand
Total

X229/201

TEISTEANAIS DIARDAOIN, 26 CÈITEAN
NÀISEANTA 1.00 PM – 1.30 PM
2011

GÀIDHLIG
MEADHAN ÌRE 2
Roinn A: Èisteachd
(Ceistean)

Na fosgail am pàipear seo gus an tèid iarraidh ort.

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Latha breith

Là Mios Bliadhna Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Tha 30 comharraidhean anns a' phàipear seo.

Tha mionaid agaibh aig an toiseach airson na ceistean a leughadh.

Èist gu cùramach ris na h-earrannan a chluinneas tu air CD no a thèid a leughadh dhut.

Tha dà phàirt anns an deuchainn.

Faodaidh tu notaichean a dhèanamh aig àm sam bith.

Leugh na ceistean airson **Earrann A**.

Cluinnidh tu **Earrann A** dà thuras, le dà mhionaid eadar gach turas.

Leugh na ceistean airson **Earrann B**.

Cluinnidh tu **Earrann B** dà thuras, le dà mhionaid eadar gach turas.

Freagair na ceistean: sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

Mus fhàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan.

Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.



Roinn A: Èisteachd

Ùine: 30 mionaid

Comharraidhean

CEISTEAN

Earrann A

1. Cò mu dheidhinn a tha an tidsear airson bruidhinn ris a' chlas?

2

2. Cuin a dh'fheumas am pròiseact crìochnachadh?

1

3. Dè an ùine a bhios aig na sgoilearan airson crìoch a chur air a' phròiseact?

1

4. Dè an t-adhbhar a bha aig a' Chomann Eachdraidh airson am pròiseact seo a chur air dòigh?

3

5. Dè bha anns na riaghailtean mu sgoilearan?

2

6. Dè an taic a bhiodh aig na sgoilearan bhon Chomann Eachdraidh?

2

7. Carson a bha an tidsear dhen bheachd gur e cothrom math a bha sa phròiseact?

3

8. Dè bhios aig na sgoilearan ri dhèanamh aig crìoch a' phròiseict?

1

(15)

[Tionndaidh an duilleag

CEISTEAN

Earrann B

1. Dè a' chiad nì a rinn an clas airson a' phròiseict?

2

2. Dè thuirte na sgoilearan ri na daoine a bha aig a' choinneimh?

2

3. Dè tha ag innse dhuinn gun robh na daoine a bha aig a' choinneimh dèonach pàirt a ghabhail sa phròiseact.

2

4. Ainmich na cuspairean air am biodh gach buidheann ag obair.

4

5. Innis gu mionaideach dè bha san leabhran agus air an CD.

3

Comharraidhean

6. Dè thachair aig an taisbeanadh?

2
(15)
[30]

[CRÌOCH ROINN A-ÈISTEACHD]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

MARKER'S GRID

Candidate Name	
Candidate Number	
Section A	Èisteachd / 30
Section B(i) B(ii)	Leughadh / 30
	Sgrìobhadh / 30
Grand Total	90

X229/202

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2011

DIARDAOIN, 26 CÈITEAN
1.00 PM – 1.30 PM

GÀIDHLIG
MEADHAN ÌRE 2
Roinn A: Èisteachd
(Earrann)

This paper must not be seen by any candidate.

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



(The passage should be read in approximately 2 minutes.)

Tha mionaid agaibh airson na ceistean a leughadh.

Roinn A

Earrann A should be read twice, with an interval of 2 minutes between each reading, to allow candidates to study the questions.

EARRANN A

Tha Anna Chamshron a' teagasg Gàidhlig anns an àrd-sgoil. An seo, tha i ag innse dhan chlas aice mu phròiseact a tha iad a' dol a dhèanamh.

An toiseach an-diugh, tha mi airson innse dhuibh mu phròiseact a tha san amharc aig a' Chomann Eachdraidh. Tha an Comann Eachdraidh ag iarraidh air an sgoil againn a dhol an sàs sa phròiseact còmhla riutha. Feumaidh am pròiseact a bhith deiseil aig deireadh a' Ghiblein agus, mar sin, feumaidh sinn tòiseachadh air a dh'aithghearr. Bidh ochd seachdainean againn airson a dhèanamh.

Tha an Comann Eachdraidh air am pròiseact seo a chur air chois airson gum bi daoine a' cruinneachadh, a' clàradh agus a' taisbeanadh dualchas na sgìre againn. Tha earrann shònraichte ann do dh'òigridh ach feumaidh gach neach a ghabhas pàirt a bhith fhathast san sgoil agus a bhith sia bliadhna deug no nas sine.

Bidh comataidh a' Chomainn Eachdraidh ag obair còmhla rinn agus a' toirt stiùireadh agus comhairle dhuinn mu na dh'fheumas sinn a dhèanamh.

'S e am prìomh amas a tha aig a' Chomann Eachdraidh a bhith a' rannsachadh agus a' foillseachadh dualchas an àite. Mar sin, 's e deagh chothrom a tha sa phròiseact seo dhuinn oir thèid againn air sgeulachdan agus òrain a chlàradh bho mhuinntir na sgìre mun cuairt oirnn.

Bidh an deagh chuid de dh'obair an lùib a' phròiseact ach bu chòir gum faigh sinn tòrr fiosrachaidh mun sgìre. Nuair a bhios am pròiseact deiseil, feumaidh sinn taisbeanadh a dhèanamh san talla airson gum faic muinntir na coimhearsnachd an obair againn.

After the second reading of Earrann A, wait for 5 minutes, and then read Earrann B.

Earrann B should be read twice, with an interval of 2 minutes between each reading, to allow candidates to study the questions.

(The passage should be read in approximately 2½ minutes.)

EARRANN B

Seo Màiri, tè dhe na sgoilearan, ag innse aig an taisbeanadh mar a chaidh dhaibh leis a' phròiseact.

An teirm seo fhuair an clas againn cuireadh a dhol an sàs ann am pròiseact dualchais a bha inntinneach agus cudromach. An dèidh dhuinn aontachadh a dhèanamh, b' e a' chiad rud a rinn sinn bruidhinn mu dheidhinn agus roinn sinn an clas na ceithir buidhnean. An uair sin sgrìobh sinn litrichean gu mòran dhaoine san sgìre agus thug sinn cuireadh dhaibh tighinn gu coinneamh san sgoil. Aig a' choinneimh dh'innis sinn na bha sinn am beachd a dhèanamh agus gun robh sinn a' cur feum air cuideachadh bho mhuinntir na sgìre.

Dh'aontaich a h-uile duine a bha an làthair gun cuidicheadh iad sinn. Chaidh na ceithir buidhnean an sàs anns a' ghnothaich: fear ag obair air sgeulachdan a bhuineadh dhan àite, fear air bàrdachd Ghàidhlig, fear air ainmean-àite agus fear air eachdraidh an iasgaich.

Chuir sinn seachad mìos a' dèanamh agallamhan còmhla ri daoine. Chlàr sinn na h-agallamhan le i-pods. Chruinnich sinn mòran stuth de gach seòrsa cuideachd. Anns a' chlas, rinn sinn leabhran agus CD le na seann sgeulachdan, na dealbhan annasach agus na h-òrain inntinneach. Aon oidhche, nuair a bha am pròiseact deiseil, rinn sinn taisbeanadh ann an talla na sgoile. Thug sinn a h-uile duine a bha an sàs ann dhan sgoil airson an stuth gu lèir fhaicinn. Dh'aontaich a h-uile duine gur e fìor dheagh phròiseact a bh' ann agus gun d' fhuair sinn fiosrachadh luachmhor.

Chòrd am pròiseact rinn gu mòr agus bu mhath leinn taing a thoirt dhan h-uile duine a chuidich sinn leis.

[CRÌOCH NAN EARRANN]

[DUILLEAG FHALAMH]

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Total Mark
(Leughadh)

--

X229/203

TEISTEANAIS DIARDAOIN, 26 CÈITEAN
NÀISEANTA 1.50 PM – 3.30 PM
2011

GÀIDHLIG
MEADHAN ÌRE 2
Roinn B(i): Leughadh
Roinn B(ii): Sgrìobhadh

Na fosgail am pàipear seo gus an tèid iarraidh ort.

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

--

Baile

--

Ciad ainm(ean)

--

Sloinneadh

--

Latha breith

Là Mios Bliadhna Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

--

Tha 60 comharradh anns a' phàipear seo.

Earrann B(i) Leughadh

Leugh an earrann Ghàidhlig gu faiceallach, agus an uair sin freagair na ceistean, a' tòiseachadh le Ceist 1.

Nuair a shaoileas tu gur aithne dhut freagairt ceiste, sgrìobh am freagairt **ann an Gàidhlig** anns a' bheàrn. (Chan eil e air a shùileachadh gun lìon thu am beàrn air fad.)

Earrann B(ii) Sgrìobhadh

Sgrìobh do fhreagairt anns an leabhran a thèid a thoirt dhut.

Fàg ùine gu leòr airson gach earrann a chrìochnachadh.



EARRANN

Gheall mi do Chailean, bràthair mo mhàthar, nach innsinn do dhuine, fhad 's a bhiodh esan beò, mun rud neònach a thachair dhuinn ann an Glaschu. Bha mi sia bliadhna deug, ach cha robh mi air a bhith air tìr-mòr riamh. Bha m' athair is mo mhàthair dhen bheachd gum bu chòir dhomh an saoghal mòr fhaicinn. Mar sin thug iad cead dhomh a dhol a Ghlaschu oir shaoil iad gun ionnsaicheadh Cailean dhomh coimhead às mo dhèidh fhèin sa bhaile mhòr.

B' e duine glic, comasach a bh' ann an Cailean. Bha e àrd, tapaidh le aghaidh a bha sòlaimte agus bàidheil. Chuir Cailean seachad fichead bliadhna ann am Feachd an Adhair agus chaidh e air adhart gu bhith na Cheannard Sguadroin. Nuair a bha mise nam bhalach, bha mi dhen bheachd gur e gaisgeach mòr a bh' ann an Cailean agus bha mi uabhasach toilichte nuair a fhuair mi cothrom falbh air saor-làithean a Ghlaschu còmhla ris.

Chan eil cuimhne agam dè an dealbh a bha agam air Glaschu ach tha deagh chuimhne agam cho tinn 's a bha mi air a' bhàta agus air an trèan. Ach choimhead Cailean às mo dhèidh gu math agus, nuair a ràinig sinn an taigh ann an Glaschu far an robh an nighean aige a' fuireach, cha tug mi fada a' dol am feabhas.

An ath latha dh'fhalbh Cailean leam dhan bhaile. Bha a h-uile càil cho neònach agus cho iongantach dhòmhsa. An trafaig, am fuaim, am fàileadh agus cainnt muinntir Ghlaschu. An dèidh cuairt a ghabhail sa bhaile, chaidh sinn gu taigh-òsta mòr airson biadh. Air a' bhòrd bha mòran sgeinean is fhorcannan agus spàinean agus gun fhios agam carson a bha iad uile ann. Bha mi air bhoil agus iomagaineach ach thuig Cailean mar a bha mi a' faireachdainn agus sheall e dhomh mar a chleachdainn an t-uidheam-ithe.

Fhad 's a bha sinn a' feitheamh a' bhìdh, thàinig duine-usal chun a' bhùird againn agus dh'fhaighnich e am faodadh e suidhe còmhla rinn. Thuirt e gur e Raibeart a bh' air agus gun robh e aonaranach. Cha robh e airson a bhith ag ithe leis fhèin oir cha robh a bhean ach air bàsachadh. Nuair a bha sinn deiseil, thuirt Raibeart gum pàigheadh esan airson a' bhìdh. "Tapadh leibh," thuirt Cailean ach, nuair a chuir Raibeart a làmh na bhroilleach airson a sporan a thoirt a-mach, chlisg e mar gun robh peilear air bualadh ann. "Mo chreach mhòr," thuirt e. "Chaidh mo sporan a ghoid."

Dh'iarr Raibeart an uair sin fàbhar air Cailean. Thuirt e nan toireadh Cailean dha fichead not, gun toireadh e uaireadair òr dhòmhsa. Nuair a chunnaic Cailean an t-uaireadair, thuig e gum b' fhiach e ceud not agus dh'aontaich e ris a' chùis.

Ach nuair a thill sinn dhachaigh feasgar, bha na poilis gar feitheamh agus iad a' lorg an uaireadair. "Tha sinn duilich," thuirt iad, "ach chaidh an t-uaireadair seo a ghoid. Tha fios againn cò leis a tha e agus feumaidh sinn a thoirt bhuat." Abair briseadh-dùil! Ged a cheannaich Cailean uaireadair eile dhomh an ath latha, cha robh e idir cho spaideil ris an fhear a thug na poilis bhuam.

CEISTEAN

1. Dè an càirdeas a bha eadar an t-ùghdar agus Cailean?

1

2. Dè gheall an t-ùghdar do Chailean?

3

3. Dè bha pàrantan an ùghdair a' smaoinichadh a bu chòir dha a dhèanamh?

1

4. Dè bha pàrantan an ùghdair an dòchas a dhèanadh Cailean dha?

1

5. Innis gu mionaideach dè an seòrsa duine a bh' ann an Cailean.

3

6. Dè an dreuchd a bh' aig Cailean ann am Feachd an Adhair?

1

7. Dè a' chuimhne a bh' aig an ùghdar air an turas a Ghlaschu?

2

[Tionndaidh an duilleag

8. Sgrìobh na facail a tha ag innse gun do dh'fhàs an t-ùghdar na b' fheàrr gu math luath.

1

9. Ainmich dà nì a chuir iongnadh air an ùghdar ann an Glaschu.

1

10. Carson a bha an t-ùghdar a' faireachdainn draghail anns an taigh-òsta?

3

11. Ciamar a chuidich Cailean an t-ùghdar?

2

12. Dè thachair fhad 's a bha an t-ùghdar agus Cailean a' feitheamh ris a' bhiadh?

3

13. Carson a bha Raibeart airson ithe còmhla riutha?

3

14. Carson a ghabh Raibeart uabhas nuair a bha e a' dol a pàigheadh airson a' bhìdh?

1

Comharraidhean

15. Dè an t-aonta a bha eadar Raibeart agus Cailean?

2

16. Dè am briseadh-dùil a bh' aig an ùghdar nuair a chaidh e dhachaigh?

2

(30)

[CRÌOCH ROINN B(i)–LEUGHADH]

Roinn B(ii): Sgrìobhadh

Ùine: 60 mionaid (moladh)

Sgrìobh air AON de na cuspairean a leanas.

- | | |
|--------------------------------------------------------------------------------|------|
| 1. <i>Eagal</i> . Sgrìobh mun chuspair seo ann an dòigh sam bith a thogras tu. | (30) |
| 2. An sgoilear ùr. | (30) |
| 3. Cha bu chòir a bhith a' reic deoch-làidir anns na mòr-bhùthan. | (30) |
| 4. A' bhliadhna 2050. | (30) |
| 5. An litir. | (30) |
| 6. Glacte anns an lioft! | (30) |
| 7. Bu toigh leam (NO Cha bu toigh leam) a bhith ainmeil. | (30) |
| 8. An Geamhradh. | (30) |

[CRÌOCH ROINN B(ii)—SGRÌOBHADH]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]